



An làir-mhaide




Keith Gaines • Shelagh McNicholas




'S e deagh charaidean a th' ann an
Seasaidh, Sam agus Seòras.

'S i a' Bhean-phòsta Ros an tidsear a th' aca.
Aon là bha iad uile a' cluich anns
a' phàirc.

Bha Seasaidh, Sam agus Seòras airson
cluich air an làir-mhaide.



“Tha mise ag iarraidh air
an làir-mhaide,” arsa Sam.



“Tha mise ag iarraidh air,”
arsa Seasaidh.

“Mise cuideachd,” arsa Seòras.




“Am faod mise dhol air
an làir-mhaide?” arsa Seòras.




“Chan fhaod, tha sinne air,”
arsa Seasaidh.




“Tha mi a’ dol suas, suas,”
arsa Sam.



“Tha mise ag iarraidh
suas a-nis,” arsa Seasaidh.



“Am faod mise dhol air a-nis?”
arsa Seòras.




“Chan fhaod,” arsa Seasaidh.



“Faodaidh mi,” arsa Seòras.
“Tha mi a’ dol air an seo.”



Chaidh Seòras air an
làir-mhaide.



“Cuidich mi!” dh’èigh Seasaidh.